Gealladh air soidhnichean Gàidhlig duilleag 5»

Sùil air dà leabhar ùr duilleag 6»

Duais spòrs a' BhBC duilleag 10»

TOG FEAR AN-DIUGH **AN ASGAIDH**

www.an-gaidheal-ur.co.uk

AN ASGAIDH !

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

An Gàidheal Ùr

An Giblean 2008
www.an-gaidheal-ur.co.uk
Fon: 01851 706877
Facs: 01851 706467
Àireamh 125

Inbhe oilthigh dhan Ghàidhealtachd ceum nas fhaisge

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean air ceum mòr a ghabhail a dh'ionnsaigh làn-inbhe oilthigh, an dèidh moladh bho Riaghaltas na h-Alba gum bu chòir ùghdarras a bhith aca ceuman a thoirt seachad iad fhèin.

An-dràsta, ged a gheibh oileanaich air diofar chùrsaichean ceum a dhèanamh anns an institiùd, feumaidh na teisteanasan aca a bhith air an dearbhadh tro oilthighean eile, mar Obar Dheathain is Srath Chluaidh.

Ach, tha Buidheann nan Inbhean airson Foghlam Àrd-ìre (QAA) a-nis air iarraidh air ministearan na h-Alba cumhachd a thoirt do UHI gus na ceuman aca fhèin a thoirt seachad, rud a tha a' toirt làn-inbhe oilthigh gu math nas fhaisge.

Chan eil càil a dhùil gun tig freagairt air ais bhon Riaghaltas nas tràithe na deireadh na bliadhna, ach thèid ullachaidhean a dhèanamh le dùil gun aontaich ministear an fhoghlaim, Fiona Hyslop, ris a' mholadh.

Tha seachd bliadhna bho fhuair UHI cead cùrsaichean ceum a lìbhrigeadh agus thàinig sin às dèidh bliadhnaichean mòra de strì airson oilthigh a stèidheachadh mu thuath, leis an dùil gum biodh ionadan anns gach ceàrnaidh den sgìre.

Fiù 's ged a thèid ùghdarras a thoirt dhaibh ceuman a thoirt seachad bidh mòran ri dhèanamh fhathast airson làn-inbhe oilthigh fhaighinn, gu h-àraidh a thaobh gnothaichean is seirbheisean rannsachaidh.

Cha robh fear-labhairt às leth UHI deònach freagairt a thoirt air cuin a bhiodh dùil aca ri làn-inbhe a choileanadh, 's e ag ràdh gu bheil mòran ri rèiteachadh fhathast.

"Tha e duilich a ràdh dè cho fada 's a bheir e," thuirt e. "Aig an ìre sa chan eil sinn ag ràdh ach gu bheil sinn airson gum faigh sinn làn-inbhe oilthigh cho luath 's a ghabhas.

"Mas e agus gum faigh sinn cumhachd ceuman a thoirt seachad fo ùghdarras UHI, 's urrainn dhuinn tòiseachadh air an ath cheum a dh'ionnsaigh làn-inbhe oilthigh. Bidh pròiseas eile ann an uair sin agus chan eil e soilleir fhathast dè dìreach bhios na lùib.

"Tha e fhathast gu mòr nar n-amas, ged-tà, barrantas fhaighinn mar Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean cho luath 's a ghabhas ann an dòigh a choinnicheas ri amasan is dòchasan leithid de dh'ionad."

Lean e air: "Tha an leasachadh aig UHI gu inbhe oilthigh air aithneachadh gu mòr mar rud cudromach ann an leasachadh eaconomach, sòisealta is cultarach anns a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan, agus bidh e na bhuannachd ann a bhith a' coinneachadh ris a' ghainnead sgilean a tha san sgìre."

Tha còig ionadan deug anns an oilthigh, cho fada tuath ri Sealtainn agus cho fada deas ri Peairt agus Earra-Ghàidheal. Tha a' phrìomh làrach aca ann an Inbhir Nis, le togalaichean eile aig Colaiste a' Chaisteil ann an Steòrnabhagh agus aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach, a tha air a faicinn mar phrìomh ionad Gàidhlig is cultarach an oilthigh.

An teis-meadhan stoirm

Tha an companaidh adhair Èireannach, Aer Lingus, air an fhearg a chur air mòran an dèidh dhaibh diùltadh Gaeilge a chleachdadh air na seirbheisean ùra aca ann an Èirinn a Tuath.

Thòisich companaidh adhair nàiseanta na h-Èireann a' ruith sheirbheisean gu Beul Feairste san Dùbhlachd, ach chuir iad casg air a bhith a' toirt fiosrachadh oifigeil seachad tro mheadhan na Gaeilge, rud a tha aca air seirbheisean eile.

Tha seo air mòran tàmailt adhbharachadh am measg coimhearsnachd na Gaeilge ann an Èirinn a Tuath agus anns a' phoblachd fhèin.

Thuirt neach-labhairt bhon chompanaidh nam biodh iad dol a chleachdadh Gaeilge gum feumadh iad cuideachd am fiosrachadh a thoirt seachad ann an Albais Ulaidh. Bhiodh cus troimh-chèile ann, thuirt e, ma dh'fheumar dèiligeadh ri trì cànanan — Gaeilge, Albais Ulaidh agus Beurla.

Ann an ceann a deas na h-Èireann tha luchd-siubhail air am fàilteachadh air plèanaichean Aer Lingus tro mheadhan na Gaeilge agus bidh luchd-obrach a' toirt seachad suas ri dusan facal sa chànan.

Am measg na tha air gearan a thogail mun t-suidheachadh le Aer Lingus tha Taoiseach na h-Èireann, Bertie Ahern. Thuirt esan: "Chan eil mi a' tuigsinn carson a bhiodh duilgheadas aig duine sam bith dhà no trì facail a chluinntinn ann an Gaeilge."

Tha cuid dhen bheachd gu bheil an companaidh dìreach a' feuchainn gun a dhol a-mach air luchd-taice an aonaidh ann an Èirinn a Tuath, daoine a tha gu tur an aghaidh brosnachadh a' chànain san sgìre aca.

Tha buidhnean iomairt agus leasachaidh na Gaeilge, air gach taobh dhen chrìoch, air leth feargach agus iad airson 's gun atharraich an companaidh an inntinn. Chaidh athchuinge a chur air dòigh agus thathas fiù 's ag ràdh gum bu chòir dha daoine sgur a chleachdadh na seirbheisean gun tèid an suidheachadh a chur ceart.

A rèir na buidhne POBAL — a bhios a' riochdachadh nam buidhnean Gaeilge gu lèir aig tuath — tha seo na eisimpleir air carson a bu chòir Achd Cànan na Gaeilge a bhith air a chur an sàs ann an Èirinn a Tuath.

Aig an ìre sa, ged-thà, chan eil càil a choltas gu bheil Aer Lingus a' dol a dh'atharrachadh an inntinn.

An tuilleadh ullachaidhean airson an t-seanal ùr Ghàidhlig

Tha an tuilleadh crathadh air a thighinn air Seirbheis nam Meadhananan Ghàidhlig agus ullachaidhean airson an t-seanal ùr didsiotach a' sìor dol am meud.

Tha a' bhuidheann — a bhios a' coimhead as dèidh an t-sheirbheis ùir ann an co-bhoinn le BBC Alba — a' sireadh cathraiche ùr a ghabhas a-nall bho Nèill Fhriseil, a tha leigeil dheth a dhreuchd aig an àm freagarrach seo agus a' bhuidheann an ìmpis gluasad air adhart gu ìre ùr nur n-eachdraidh.

Ann an sanasan airson an dreuchd, thatar ag iarraidh gum bidh an neach-tagraidh eolach air "gnothaichean conaltraidh" agus turastal luach £11,016 mu choinneimh.

Thatar cuideachd a' tuigse gum bidh duine no dhithis as ùr air an ainmeachadh air bòrd stiùiridh na buidhne, a-rithist leis an tuigse gum bidh sgilean feumail aca airson stiùireadh a thoirt dhan t-seanal ùr.

Tha seo uile a' tighinn agus a' bhuidheann air da dhreuchd ùr a lìonadh. Chaidh Niall Greumach ainmeachadh mar cheann ghoireasan agus chaidh Murchadh Moireasdan fhàstadh mar oifigear margaidheachd is conaltradh luchd-amhairc.

Tha Mgr Greumach (44), bho Col ann an Leòdhas, air a bhith na mhanaidsear ionmhais aig a' bhuidheann bho 1992. Tha e cuideachd air bòrd Urras Steòrnabhaigh agus na bhall de bhuidhnean eile sa choimhearsnachd.

Bidh uallach air airson stiùireadh goireasan na seirbheis, gu h-àraidh siostaman ionmhais agus na goireasan craolaidh ann an Steòrnabhagh agus san Eilean Sgitheanach.

Tha Mgr Moireasdan a' tighinn thuca bhon Chomann Ghaidhealach, far an robh e na oifigear margaidheachd air a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail fad ochd bliadhna. Bidh e ag obair còmhla ri sgioba nam pròglaman, a' làimhseachadh sanasachd, rannsachadh-margaidh agus conaltradh leis an luchd-amhairc.

Thuirt Dòmhnall Caimbeul, àrd oifigear na buidhne: "Le Niall agus Murchadh sna dreuchdan ùra seo, tha mi cinnteach gun tèid againn air ar dleastanas a choilionadh airson ar compàirtichean agus ar luchd-amhairc, 's sinn ag obair còmhla ris a' BhBC aig cridhe na Seirbheis Didseataich Gàidhlig ùir."

www.an-gaidheal-ur.co.uk

Gheibhear An Gàidheal Ùr air an eadar-lìon

An Giblean 2008

An ***Gàidheal*** *Ùr*

Neach-deasachaidh
Murray MacLeòid
murray@an-gaidheal-ur.co.uk

Seòladh
Taigh à Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 706877
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk

Oifigear-sanasachd:
Marina NicLeòid
Fon: 01851 703487
marina@an-gaidheal-ur.co.uk

An ***Gàidheal*** *Ùr*

Cuin 's Caite

Dihaoine 11 Giblean

Inbhir Nis - Thèid cuirm-chiùil a chumail le Salsa Celtica air an oidhche seo ann an Ironworks an Inbhir Nis bho 7f. Cosgaidh ticeadan £13.50. Gheibhear fiosrachadh air 0871 7894 173 no office@ironworksvenue.com

Dihaoine 18 – Latha na Sàbaid 20 Giblean

Poll Iùbh – Thèid Cuirm nan Còisirean 2008 a chumail eadar na làithean seo ann an Talla Bhaile Pholl Iùbh. Tòisichidh Fèis na bliadhna seo air feasgair Dihaoine aig 2f, agus bidh mòran a' dol air adhart thairis air an deireadh sheachdain le òrain luaidh, seinneadairean Gàidhlig, Còisirean, bùithtean-obrach, cèilidh agus dannsa. Thig an Fhèis gu crìch le adhradh Ceilteach air oidhche na Sàbaid aig 8f. Gheibhear fiosrachaidh sam bith mun Fhèis bho Mhàiri NicNèill air 01455 731 374.

Disathairne 19 Giblean

Grianaig - Thèid cèilidh agus dannsa a chumail air an oidhche seo le ClannGàidhlig, ann an Talla-coimhearsnachd Ghrianaig, eadar 7.30f is 11f. Bidh ceòl agus òrain air a thoirt thugaibh le Archie Duncan agus Deirdre Ghreumach. Bidh agaibh ri dìreach £5 a phàigheadh aig an doras. An-asgaidh do dhuine fo aois 18. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Alasdair Law air 0797 273 5413 no clanngaidhlig@hotmail.com

Disathairne 26 Giblean

An t-Òban – Thèid consairt fìdhle a chumail air an oidhche seo ann an Corran Halls anns an Òban le Comunn Ruidhle an Òbain is Latharna. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01631 567 333.

Disathairne 26 Giblean

Comar nan Allt – Thèid Latha Ciùil a chumail le Fòram Gàidhlig Siorrachd Lannraig a Tuath ann an Ionad Muirfield. Bidh cothrom ann bùithtean-obrach seinn, am bodhran, am bogsa, an fhidheall agus an fhìdeag a ghabhail agus thèid cuirm-chiùil a chumail air an oidhche sin ann an Talla-baile Chomar nan Allt. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Ailig Dòmhnallach air 01236 873 055.

Dimàirt 29 Giblean

Inbhir Nis – Thèid cuirm-chiùil a chumail air an oidhche seo le Seth Lakeman agus Ruarri Joseph ann an Ironworks ann an Inbhir Nis. Gheibhear ticeadan air 01463 7894 173 no cuiribh post-dealain gu office@ironworksvenue.com

Dihaoine 9 Cèitean

An Gearasdan – Thèid consairt a chumail le Session A9 agus Breabach ann an Ionad Nibheis bho 7.30f. Cosgaidh ticeadan £10. Gheibhear fiosrachaidh sam bith air 01397 700 707 agus whatson@neviscentre.co.uk

Dimàirt 20 Cèitean

Baile Chloichrigh - Bidh Duncan Chisholm agus Ivan Drever a' cluiche ann an Taigh-cluiche Baile Chloichrigh bho 8f air an oidhche seo. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01796 484 6262 no aig boxoffice@pitlochry. Cosgaidh ticeadan £12.

Naidheachdan

Duilgheadasan pòsaidh gun a bhith a' pòsadh

Le Joy Dunlop

Aig an àm seo dhen bhliadhna bidh mi fhìn a' faireachdainn gu bheil a' Ghaidhealtachd a' tighinn beò a-rithist às dèidh mìosan fada a' gheamhraidh. Tha na làithean a' fàs nas fhaide mu dheireadh thall 's chan eil an t-sìde cho reòthte sa bha i aig toiseach na bliadhna nas motha. Tha na flùraichean a' fàs a-rithist, nochdaidh duilleagan ùra uaine air na craobhan agus chithear na h-uain air an casan cugallach a' feuchainn ri eòlas a chur air an t-saoghal ùr, ghleansach seo. Ach leis a' ghluasad bhon gheamhradh dhan earrach tha mi air mothachadh nach e na h-uain a-mhàin a chuireas fàilte air an t-sìde ùr. Ann an eaglaisean air feadh na dùthcha tha seirbheisean sònraichte a' sìor fhàs cumanta agus chan fheum mi ach feitheamh son cairt gheal, àillidh tighinn tron phost a bheir cuireadh dhomh gu banais earraich eile.

Canaidh mi sa chiad dol-a-mach gur toil leam bainnsean san fharsaingeachd. Nuair a chì mi na teaghlaichean a' dòrtadh às na h-eaglaisean san aodach mhaiseach aca 's iad làn gairdeachais 's dòchais, chan urrainn dhomh ach stad son beagan mhionaidean 's coimhead orra. Chan eil e gu diofar co-dhiù tha mi eòlach air luchd na bainnse gus nach eil, tha rudeigin tarraingeach mu latha mòr seo dhomh. Nuair a bha mi na b' òige b' ann ainneamh a gheibhinn cuireadh bainnse ach b' e cùis shonasach a bh' ann nan robh cuideigin a' pòsadh 's gum b' urrainn dhomh a bhith an làthair. Shaoil mi nach robh boireannach san t-saoghail a bha cho brèagha ri bean na bainnse 's bha beachd agam gun còrdadh e rium a bhith nan àite uaireigin san àm ri teachd.

Sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh ged-thà, tha mi air a bhith air dhà no trì bainnsean gach bliadhna agus tha e follaiseach gu bheil cùisean air atharrachadh bhon a bha mi òg. An toiseach, chan e càirdean mo phàrantan a phòsas ach na càirdean agam fhìn, dearbhadh eile dhomh nach eil mi cho òg 's a tha mi a' faireachdainn. Tha sin a' ciallachadh ged-thà, ma tha e comasach do nigheanan bhon chlas sgoile agam pòsadh, tha fios aig a h-uile duine gum b' urrainn dhomh fhìn an aon rud a dhèanamh [smuain fior eagallach saoilidh mi] agus 's e am fiosrachadh seo a dh'adhbharaicheas nàire a-rithist 's a-rithist.

Tha a' chiad trioblaid a' nochdadh leis a' chuireadh fhèin. Leis nach eil mi a' suirghe an-dràsta 's ann dhomh fhìn a-mhàin a bhios iad, rud nach eil a' cur dragh orm aig àm sam bith. Tha e coltach ged-thà gu bheil mi air aois a' ruigsinn 's nach aontaich daoine eile rium. Cho luath 's a nochdas mi aig banais nam aonar, tha fios agam air na ceistean 's na beachdan a thig am bàrr. "A bheil thu an seo leat fhèin? Carson? Nach tigeadh duine sam bith còmhla riut? Nach eil thu ag iarraidh pòsadh?" Chan eil e gu diofar dè chanas tu, [Tha, air sgàth 's gu bheil, thigeadh, agus 's dòcha] coimheadaidh daoine ort le truas nan sùilean agus tha amharas orm gu bheil iad a' smaoineachadh riutha fhèin "feumaidh gu bheil rudeigin ceàrr oirre mur urrainn dhi toirt air cuideigin tighinn còmhla rithe." Mura h-eil seo nàr gu leòr, tha fios agad ro mhath gur h-e an ath smuain a bhios aca, "feumaidh i coinneachadh ri balach x", cuideigin a tha mar as trice leotha fhèin son deagh adhbhar!

Chan eil na trioblaidean a' stad nuair a tha thu aig an dinnear fhèin nas motha. Leis gu bheil mi nam aonar tha e coltach gum feum mi suidhe aig dà bhòrd a-mhàin — còmhla ris an fheadhainn eile a tha às aonais caraid no còmhla ris a' chloinn. A dh'innse na firinn', chan eil mi cinnteach dè tha nas miosa...cabadaich mu dheidhinn Hannah Montana no còmhradh a chumail ri feadhainn air nach eil thu idir eòlach. Tha cuimhne agam air a' bhanais nuair a bha mi ri taobh fear a bha den bheachd gum biodh e èibhinn mo phronnadh leis a' forc aige fad na dinnearach...agus fear eile a dh'òl am fion gu lèir agus a thuit na chadal air mo ghualainn...'s fear nach stadadh gam bhreabadh fad na h-oidhche...

Ma gheibh thu seachad air an dinnear gun leòn feumaidh tu an uair sin falach bhon a h-uile duine a tha eòlach air cuideigin a tha cuideachd na aonar no fo aois 14 ris am feum thu coinneachadh. Chan eil dad nas miosa na bhith air d' fhàgail air beulaibh a h-uile duine le cuideigin air nach eil thu idir eòlach 's gun dad agad a chanas tu riutha. Chan urrainn dhut ach togail ort cho luath 's a ghabhas 's falach bhuapa sna taighean-beaga son a' chòrr den oidhche 's snèagadh air do ghlùinean air ais dha na caraidean agad nuair a tha e sàbhailte.

Ach a dh'aindeoin nan duilgheadasan seo tha mi fhathast nam sheann romantaig agus ged a tha mi sgìth de na ceistean 's an nàrachadh saoilidh mi nach eil dad coltach ri deagh bhanais. Bidh deòir nam shùilean tron t-seirbheis, spòrs gu leòr le mo charaidean 's ged a bhios mo bhrògan gam mharbhadh ro dheireadh na h-oidhche bidh gàire air m' aodann. Chan eil dòigh fon ghrèin nach rachainn ann ma gheibh mi cuireadh agus, mura faigh mi dad eile aiste, bidh sgeulachdan gu leòr agam a sgrìobhas mi mu dheidhinn!

Mealaibh ur naidheachd do Rena 's Davie a phòsas air 12 An Giblean — gura math a thèid leibh a chàirdean 's chì mi aig bòrd na cloinne sibh!

Ionad ùr luach £8 millean air fhosgladh

Chaidh "Fàs", an t-ionad ùr £8 millean airson nan gnìomhachasan cruthachail is cultarach aig Sabhal Mòr Ostaig air an Eilean Sgitheanach, fhosgladh leis a' Phrìomh Mhinistear Albannach, Ailig Salmond.

A' bruidhinn aig an ionad ùr, thuirt am Prìomh Mhinistear, a lìbhrig Òraid an t-Sabhail Mhòir a chaidh a chraoladh air telebhisean o chionn ghoirid: "'S urrainn don ionad ùr airson nan gnìomhachasan cruthachail is cultarach aig Sabhal Mòr Ostaig a bhith na thobar do raon farsaing de ghoireasan is seirbheisean cultarach Gàidhlig."

Bha am fosgladh oifigeil a' comharrachadh ceum mòr eile air adhart ann an leasachadh Sabhal Mòr Ostaig mar Ionad Nàiseanta do Chànan is Cultar na Gàidhlig.

On a chaidh a stèidheachadh ann an 1973, tha Sabhal Mòr air a bhith air thoiseach ann a bhith a' strì gus coimhearsnachd cànan is cultar na Gàidhlig a ghlèidheadh is a neartachadh. Is e an t-aon ionad Foghlam Àrd Ìre is Leantainneach a bhios a' lìbhrigeadh a' phrògraim aige air fad, bho chùrsaichean inntrigidh gu ionnsachadh is rannsachadh for-cheuma, tro mheadhan na Gàidhlig. A bharrachd air sin, tron roinn Foghlam Fad Beatha, a tha a' sìor leudachadh, tha mòran chùrsaichean goirid is prògraman ionnsachaidh air astar ann a gheibh taic, a' dèanamh cinnteach gu bheil àireamhan oileanach a' fàs aig ìre nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Fo cheannardas ionmholta an Ollaimh Thormoid N MhicGillIosa, an stiùiriche aca, chunnaic a' cholaiste leudachadh mòr le sreath de leasachaidhean aig Àrainn Ostaig agus Àrainn Chaluim Chille agus a co-cholaiste, Ionad Chaluim Chille Ìle. Leis na leasachaidhean seo leudaich cothroman ionnsachaidh dhen ìre as àirde tro mheadhan na Gàidhlig agus thàinig leasachadh mòr air eaconamaidh na sgìre cuideachd.

Thuirt Uilleam Roe, Cathraiche Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, aon de phrìomh bhuidhnean maoineachaidh Fàs: "Tha e na thoileachas mòr do HIE tabhartas cho cudromach is cho adhartach a thoirt do Fàs, a tha na phròiseact cho deatamach dhan Eilean Sgitheanach, an dà chuid a thaobh cultair is eaconamaidh.

"Aig £3.6 millean uile gu lèir, 's e seo an t-suim airgid as motha a chuir HIE an seilbh ann am pròiseact ghnìomhachasan cruthachail air leth ann an àite sam bith air Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, agus bha e fior chudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun rachadh am pròiseact air adhart.

"'S e rud bunaiteach a tha ann a thaobh leasachadh sàr bhun-structair foghlaim a bheir fàs is seasmhachd san fhad-ùine dhan Ghàidhealtachd is na h-Eileanan. Cruthachaidh am measgachadh de dh'obraichean aig Fàs ionad beothail a bhrosnaicheas leasachadh, an dà chuid ann an gnìomhachas agus anns na h-ealain, a thaobh cultar is cànan na Gàidhlig.

"Còmhla, tha SMO agus Fàs na inneal brosnachaidh do dh'eaconamaidh an Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse. Tha sinne ann an HIE fior thoilichte gu bheilear a' cur togalach ùr Fàs air bhonn, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' cumail oirnn ag obair còmhla ri SMO san àm ri teachd."

O chionn ùine fhada, tha Urrasairean an t-Sabhail Mhòir air aithne a chur air a' cheangal chudromach a tha eadar ath-nuadhachadh cànanachais, sòisealta is cultarach, agus leasachadh eaconamach, agus tha an leasachadh as ùire seo na fhìor chomharrachadh den amas chudromach sin.

Bidh an t-ionad ùr, Fàs, a' tairgsinn mòr-choimhearsnachd riatanach de dh'obraichean ann an ealain, cultar, dualchas, craoladh, film is ann an nua-mheadhanan na Gàidhlig. Bidh e na mheadhan-brosnachaidh ann a bhith a' toirt barrachd leasachaidh do ghnìomhachasan a tha ann mar-thà, agus na ionad-fàis airson gnìomhachasan ùra, a tha a' cuimseachadh air na feumalachdan fàsail, airson bathar is seirbheisean cultarach a fhreagairt. Cuideachd, bidh Fàs ag amas air rannsachadh acadaimigeach a mhalairteachadh; iomairtean beaga agus dùthchasach a thàladh is a chuideachadh; agus taic a thoirt do leasachadh ann an cultar tionnsgalach.

Arainn Chaluim Chille san Eilean Sgitheanach, far a bheil an t-ionad ùr stèidhichte

Thuirt an t-Ollamh MacGillIosa: "Tha fosgladh Fàs a' comharrachadh an ath cheum air turas togarach ùr do Shabhal Mòr agus don Ghàidhlig. Le bhith a' tional nan leasachaidhean is nan iomairtean ùra seo ann an aon àite, ann an àrainneachd fhiùghantach, beairteach a thaobh cànain, tha e a' fosgladh iomadh cothrom ùr airson co-obrachaidhean inntinneach is torrach thar diofar meadhanan. 'S e àm brosnachail agus dùbhlanach a tha seo ann an eachdraidh na Gàidhlig, le Sianal Didseatach Gàidhlig a' tòiseachadh, agus tha sinn làn dòchais gun cuir Fàs gu mòr ri raon nan 'nua-mheadhanan' cudromach seo."

Tha an t-ionad, a chaidh a thogail le UBC Eta. agus a chaidh a dhealbhadh leis na h-ailtirean Gillespie's, suidhichte air làrach bhrèagha ann an ceann a deas an Eilein Sgitheanaich, ri taobh Àrainn Chaluim Chille, togalach a tha air duaisean a chosnadh.

Còig slighean ùra gan tabhann air Cearcaill na Gàidhlig

Chaidh còig turasan ùra gu cridhe saoghal nan Gàidheal fhoillseachadh san Òban fon iomairt Cearcaill na Gàidhlig.

Thathar a' tabhann sreath de shlighean sònraichte, a tha a' comharrachadh cultar na Gàidhlig air feadh Innse Gall agus tìr-mòr na h-Iar-Ghàidhealtachd, dha luchd-turais.

Tha am pròiseact air a stiùireadh le HITRANS, Bòrd na Gàidhlig, Caledonian Mac a' Bhriuthainn, VisitScotland, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Comhairle na Gàidhealtachd. Gheibhear làrach-lìn aig www.gaelicrings.com.

A' cur fàilte air na còig turasan, a tha a' cur ris a' chiad Chearcall Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh ann an 2007, thuirt am Ministear airson Iomairt, Cumhachd is Turasachd, Jim Mather: "Tha e na thoileachas dhomh mo thaic a thoirt don iomairt ùr seo agus meal-a-naidheachd a chur air an fheadhainn a tha an sàs ann. 'S e eisimpleir chudromach a th' ann de cho-obrachadh eadar buidhnean, le ùghdarrasan ionadail, buidhnean Riaghaltais, buidhnean cultarach agus seirbheisean còmhdhail uile an sàs ann."

"Tha a' chiad Chearcall Gàidhlig, a chaidh fhoillseachadh an-uiridh, air a bhith air leth soirbheachail mu thràth a thaobh a bhith a' tàladh luchd-turais do na h-eileanan agus le bhith a' dèanamh sanasachd air dualchas beairteach is eadar-dhealaichte na sgìre. Tha an àireamh de ghnìomhachasan ionadail a ghabh ris an sgeama air a bhith na bhrosnachadh mòr agus tha mi a' coimhead air adhart ri leudachadh agus leasachadh na h-iomairt seo.

"Tha na Cearcaill cuideachd air na cothroman a tha ann do ghnìomhachasan air feadh na sgìre a dhearbhadh, agus air sealltainn na ghabhas dèanamh nuair a tha buidhnean poblach is prìobhaideach ag obair còmhla."

Fhuair Albannaich ainmeil coimisean gus sgrìobhadh mu na turasan aca air na slighean agus bidh iad an làthair aig an fhoillseachadh.

Thuirt an comhairliche Uilleam Petrie bho Earra-Ghàidheal: "Tha e na mhòr-thoileachas dhomh na còig turasan ùra aig Cearcaill na Gàidhlig fhoillseachadh gu h-oifigeil.

"Chaidh mòran a choileanadh ann an ùine glè ghoirid agus chòrd na stuthan a thathar a' cleachdadh gus an iomairt seo a chur air bhog rium gu mòr. Tha am pròiseact cuideachd a' sealltainn na ghabhas dèanamh nuair a tha an luchd-compàirt a tha an sàs ag obair còmhla, agus bu toil leam an cothrom seo a ghabhail gus taing a thoirt dhaibh uile.

"Tha sinn air leth toilichte gu bheil Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid am measg luchd-compàirt a' phròiseict seo, agus gu bheil am foillseachadh ga chumail an seo an-diugh."

Agus thuirt Philip Riddle, àrd-oifigear VisitScotland: "Tha VisitScotland a' cur fàilte chridheil air foillseachadh Cearcaill na Gàidhlig agus air a' chothrom a bhith ag obair ann am compàirt gus turasan luchd-tadhail a leasachadh. Tha a' mhargaidh airson turasachd chultarach air leth cudromach ann an turasachd na h-Alba, agus le bhith a' cur ris na tha sinn a' tabhann nì sinn cinnteach gu bheilear a' frithealadh mar bu chòir air a' mhargaidh sin.

"Chaidh targaid nàiseanta ainmeachadh airson turasachd na h-Alba a leudachadh 50% ro 2015, rud a chaidh aontachadh leis an roinn phrìobhaideach agus an roinn phoblach. Gus dèanamh cinnteach gum faigh gach ceàrnaidh de dh'Alba cuid den mhargaidh nas motha seo a tha sinn a' sùileachadh, tha e deatamach gun tèid airgead a chur an seilbh gu h-ionadail anns an dòigh seo. An aon dòigh a bhith cinnteach gun tèid luchd-tadhail dhachaigh agus gun innis iad do na caraidean is na càirdean aca mu cho math 's a bha an turas aca nar dùthaich, 's e a bhith cinnteach gum bi turas mìorbhaileach aca. Tha turasan mar seo a' brosnachadh luchd-turais gu bhith a' tilleadh agus tha buannachdan maireannach nan lùib do dh'eaconomaidh na dùthcha."

Comhairliche ga thilgeil a-mach às an SNP ri linn a sheasamh air soidhnichean Gàidhlig

Chaidh comhairliche bho cheann a tuath na Gàidhealtachd a thilgeil a-mach à Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba an dèidh dha ràdh nach bu chòir do shoidhnichean-rathaid dà-chànanach a bhith air an cur suas ann an Gallaibh, seach nach eil dualchas Gàidhlig idir san sgìre.

Cha robh àrd-riochdairean an SNP airson mìneachadh carson a cheannsaich iad Daibhidh Bremner, ach thathar dhen bheachd gur ann air sgàth 's a chuid seasaimh air soidhnichean Gàidhlig, agus am Pàrtaidh Nàiseanta airson leigeil fhaicinn gu bheil iad gu mòr air taobh a' chànain.

Ged a sheas Mgr Bremner, agus na comhairlichean eile à Gallaibh, an aghaidh nan soidhnichean cha do shoirbhich leotha aig a' cheann thall oir chaidh an làn chomhairle air Comhairle na Gaidhealtachd nan aghaidh.

Chuir Mgr Bremner cuideachd fearg air àrd-riochdairean a' phàrtaidh nuair a thuirt e gun robh beachdan an t-sluaigh ionadail nas cudromaiche dhàsan na poileasaidh sam bith a bh' aig an SNP.

Tha e cuideachd air mòran ghearanan a thogail an aghaidh na comhairle a tha fo riaghladh co-bhanntachd eadar an SNP agus buill neo-eisimeileach.

Thàinig an co-dhùnadh gus ballrachd a' phàrtaidh a thoirt bho Mhgr Bremner an dèidh coinneimh prìobhaidich a bha fo stiùir a' bhuill-phàrlamaid, Aonghas Robasdan.

Thuirt ceannard buidheann an SNP air a' chomhairle, an comhairliche Iain Finnie: "Cha bhi an SNP aig àm sam bith a' bruidhinn gu poblach air nithean a tha buntainn ri gnothaichean taobh a-staigh a' phàrtaidh."

Thuirt aon chomhairliche neo-eisimeileach: "Tha tòrr spèis agamsa dha Mgr Bremner. Tha e a' bruidhinn a-mach fìor mhath às leth na sgìre aige agus tha e a' dèanamh cùisean taobh a-staigh na comhairle agus nan dàimhean poileataigeach a th' innte glè inntinneach."

Daibhidh Bremner

Leabhar pìobaireachd ga fhoillseachadh ann an Gàidhlig

Chaidh an leabhar pìobaireachd a bu mhotha a reic a-riamh, Leabhar-teagaisg 1 Colaiste na Pìobaireachd, eadar-theangachadh gu Gàidhlig airson a' chiad uair.

Thug Bòrd na Gàidhlig maoineachadh de £5,000 airson an leabhar eadar-theangachadh gu cànan ar pìobairean anns na làithean a dh'fhalbh.

Chaidh an leabhar seo ath-sgrùdadh agus ùrachadh le Robert Wallace, a tha an-dràsta na cheannard air Colaiste na Pìobaireachd.

A' bruidhinn aig foillseachadh an tionndaidh Ghàidhlig air beulaibh pìob a' Bhaile Shear ann an Ionad Luchd-tadhail Blàr Chùil Lodair, thuirt Mgr Wallace: "Bha mi a-riamh den bheachd nach robh e ceart gun leabhar teagaisg na pìob-chiùil a bhith ri fhaotainn anns a' chànan a bha aig ar pìobairean sìos tro na linntean.

"Tha e na thoileachas mòr dhomh cluinntinn gu bheil am pròiseact seo a-nis air leabhar mar seo a chur air beulaibh an t-sluaigh. Tha mi an dòchas gum bi e air a chleachdadh le oileanaich Ghàidhlig a tha ag ionnsachadh pìobaireachd air feadh an t-saoghail airson an sgilean pìobaireachd agus cànain a leasachadh.

"Tha mi ag iarraidh taing a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig airson an taice agus cuideachd do na h-eadar-theangairean airson an sàr obair."

B' e Thomas Pearston agus Seamus MacNèill a sgrìobh an leabhar air tùs. An-diugh tha CD ROM le ceòl agus bhidio an cois na teacsa, a' cur ri cliù an leabhair air feadh an t-saoghail mar am prìomh theacs-leabhar airson luchd-tòiseachaidh.

Bha e air eadar-theangachadh gu Gàidhlig le Fionnlagh MacNèill agus a bhean Mòrag à Inbhir Nis, a tha le chèile fileanta sa Ghàidhlig.

Thuirt Coinneach Moireach, Ceannard Bòrd na Gàidhlig: "Tha ceòl na phàirt de chultar na Gàidhlig. Bha a' phìob gu sònraichte na pàirt bunaiteach den seo.

"Bha sinn toilichte gum b' urrainn dhuinn Colaiste na Pìobaireachd a chuideachadh leis a' phròiseact inntinneach seo gus cothrom a thoirt do dhaoine pìobaireachd ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig."

Thuirt Tormod MacIlleathain, am pìobaire agus an cleasaiche Gàidhlig a bha na oileanach ann an Colaiste na Pìobaireachd: "Bu chòir dhuinn fàilte a chur air foillseachadh ùr sam bith sa Ghàidhlig. Bidh an leabhar seo feumail chan ann a-mhàin do luchd-labhairt na Gàidhlig ach cuideachd do luchd-labhairt na Beurla a tha ag iarraidh blas den t-seann chànan againn. Tha an leabhar agus a' Cholaiste airidh air moladh."

Bha Colaiste na Pìobaireachd air a stèidheachadh an Glaschu ann an 1944. Thathar ga faicinn mar chridhe saoghal na pìobaireachd, a' foillseachadh leabhraichean agus an iris mhìosail Piping Times, an iris phìobaireachd aig a bheil còrr air 10,000 luchd-leughaidh eadar-nàiseanta.

Tha e air a ràdh gun robh pìob a' Bhaile Shear air a cluiche air taobh an Riaghaltais aig blàr Chùil Lodair ann an 1746.

Air chuairt tro sgìre na Gàidhealtachd

Plana dha gàrradh-ola Neig

Chaidh an companaidh Halcrow and Mackay Consultants ainmeachadh mar an fheadhainn a bhios ag ullachadh phlanaichean a thathar an dòchas a bheir ath-nuadhachadh air gàrradh-ola Neig, faisg air Inbhir Ghòrdain.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean airson sgrùdadh dè ghabhadh dèanamh leis a' ghoireas san àm ri teachd agus obair na h-ola air sìor chrìonadh.

Tha na h-ùghdarrasan an-dràsta a' beachdachadh air an gàrradh a cheannach agus tha iad airson fiosrachadh nas mionaidiche fhaighinn air na cothroman a tha na lùib.

Thathar an dòchas plana leasachaidh a chur air bhog a dhealbhas an t-slighe air adhart anns na 20 bliadhna a tha romhainn.

Chuir an comhairliche, Drew Hendry, fàilte air an naidheachd gu bheil iad air companaidh fhastadh airson an obair rannsachaidh a ghabhail os làimh.

"'S e clach-mhìle riatanach a tha seo agus tha e na cheum cudromach ann an ath-nuadhachadh gàrradh Neig," thuirt e. "Leis gu bheil an làrach seo cho cudromach gu nàiseanta, bidh soirbheachas na bhuannachd, chan ann a-mhàin gu h-ionadail, ach dhan eaconamaidh Ghàidhealach agus do dh'Alba air fad."

Thuirt manaidsear ionadail a' chompanaidh iomairt, Seumas Gibbs: "Tha aon dhe na calaidhean domhainn as fheàrr san Roinn Eòrpa aig a' ghoireas seo. B' àbhaist dha a bhith a' cluiche pàirt cudromach ann an eaconamaidh na Gàidhealtachd agus thig aige air sin a dhèanamh a-rithist."

Tha dùil gum bi a' chiad phàirt dhen phlana air ullachadh san Iuchar.

Taisbeanadh de dhealbhan cladaich

Tha taisbeanadh ga chumail an-dràsta a tha a' sealltainn nan dealbhan as fheàrr bho fharpais nàiseanta a bha ag amas air ìomhaighean cladaichean na h-Alba a ghlacadh.

Tha an taisbeanadh an-dràsta ri fhaicinn ann an Inbhir Nis agus anns na seachdainean air thoiseach thèid e gu ceann-a-tuath na Gàidhealtachd agus gu deas a-rithist gu Ceann a' Ghiuthsaich.

Chaidh mu mhìle dealbh a chur a-steach dhan fharpais gu nàiseanta agus bidh cuid dhen fheadhainn a fhuair duaisean rim faicinn anns an taisbeanadh.

B' ann san t-Sultain an-uiridh a chaidh an fharpais a chur air chois leis an neach-togail dhealbh ainmeil, Cailean Prior. Bhathar gu sònraichte a' coimhead airson ìomhaighean a tha a' sealltainn mar a tha blàthachadh na cruinne ag atharrachadh ar cladaichean.

Thuirt an t-Ollamh Crìsdean Smout, cathraiche nam britheamhan: "Bha na dealbhan a chaidh a thogail airson na farpais fìor mhath agus bha e gu math duilich feadhainn aca a thaghadh airson an taisbeanaidh. Tha na dealbhan air fad, bho dhaoine òga a tha air ùr-thòiseachadh agus bho dhaoine nas eòlaiche air camara, gu lèir nan dearbhadh air cho cudromach 's a tha cladaichean na h-Alba dhuinn uile.

"Tha e cianail gu bheil na tha seo de dh'arc-eòlas ann, as urrainn uimhir innse dhuinn air mar a bha ar sinnsirean beò san àrainneachd seo, 's gu bheil e ann an cunnart a bhith air a mhilleadh ri linn stoirmean nas bitheanta agus atharrachadh anns an t-seòl-mhara."

Brosnachadh do chompanaidhean beaga

Thathas ag iarraidh air companaidhean beaga air Ghàidhealtachd brath a ghabhail air sgeama ùr a ghearras sìos air na cosgaisean aca.

Chaidh Sgeama Duais nan Gnìomhachasan Beaga a chur air bhog le Riaghaltas na h-Alba agus tha cothrom air a bhith aig companaidhean feum a dhèanamh dheth bho thoiseach na mìos seo.

Fon iomairt, gheibh companaidh aig a bheil togalaichean anns a bheil luach nas ìsle na £15,000 lùghdachadh air na cìsean aca. Mar as lugha luach an togalaich, 's ann as lugha a dh'fheumar pàigheadh.

Seanfhacal na mìos

"Cha tèid an sionnach nas fhaide na bheir a chasan e"

Is iongantach mur bi sinn uile a' feuchainn ri ar dìcheall a dhèanamh, ge air bith ciod an obair anns am bi sinn an sàs. Cuideachd, bidh beachd aig a' mhòrchuid càite an tig crìochan air an comasan, seadh dè cho fad 's is urrainn dhaibh a dhol len gnìomhachas. Tha fios againn uile nach urrainn dhuinn a dhol seachad air crìochan ar cuid chomasan, eadar gu bheil iad sin a' beantainn ris an inntinn no ri gnothaichean corporra.

Tha seanfhacal ag ràdh: *Cha tèid an sionnach nas fhaide na bheir a chasan e.* A-nise, faodar sin a ghabhail gu litireil, no faodar sealltainn ach a bheil brìgh nas doimhne aige. Chan eil teagamh nach eil e fìor san t-seagh litireil, oir cha tèid neach nas fhaide na cheadaicheas comasan a' chuirp dha. Ach tha e fìor ann an dòigh eile cuideachd. Tha e ag innse dhuinn gu feum sinn stad uaireigin, a dh'aindeoin ciod na nithean anns am bi sinn an sàs. Chan eil diofar dè cho cruaidh 's a dh'fheuchaas sinn, nuair nach eil ar comas a' buileachadh adhartas oirnn, tha sinn a' ruighinn ceann na slighe. Is dòcha gu faod sinn a ràdh nach eil an seanfhacal seo ag innse dhuinn ach rud air an robh fios again cheana. Co-dhiù, bheir a bhriathran oirnn smaoineachadh. An ath thuras a chuireas an sgìths bacadh oirnn, dh'fhaodadh gum biodh e iomchaidh smaoineachadh air casan an t-sionnaich!

Dòmhnall Iain MacÌomhaira

An Gàidheal Òg

MIANN AN AIRGID

Tha seo rudeigin coltach ris a' gheama air telebhisean far am bi daoine a' feuchainn ri moran airgead a bhuannach le bhith freagairt cheistean. Tha eagal orm nach eil ach airgead ma's fhior an cois seo. Faodaidh sibh puingean fhaighinn an àite airgead.

'S e nithean co-cheangailte ri poilitigs a tha anns na ceistean air a' mhios seo.

Faodaidh tu cuideachadh fhaighinn mar a leanas;

Faighnich do charaid
Faighnich don teaghlach/chlas.
Dèan leth mu leth.
Cleachd faclair/eadar-lion.

Chan fhaod thu gach fear a chleachdadh ach aon turas.

Ma dh'fhailnicheas ort buileach, tha na freagairtean aig bonn na duilleig

1. Airson £100
Dè an dòigh as cumanta airson do thaghadh a shealltainn?

A	sia-deug
B	ochd-deug
C	fichead
D	naoi-deug

2. Airson £200
Dè an dòigh as cumanta airson do thaghadh a shealltainn?

A	sgriobhadh crois
B	sgriobhadh cearcall
C	sgriobhadh d'ainm fhèin
D	sgriobhadh loidhne dhubh

3. Airson £300
Càit, an Dun Eideann, a bheil Pàrlamaid na h-Alba?

A	Canonmills
B	Holyrood
C	Canongate
D	Netherbow

4. Airson £500
Càit, ann an Lunnainn, a bheil Pàrlamaid na Rioghachd Aonaichte?

A	10 Downing Street
B	Knightsbridge
C	11 Downing Street
D	Westminster

5. Airson £1,000
Dè cho fada 's a bha Tony Blair na Phriomhaire?

A	9 bliadhna
B	10 bliadhna
C	20 bliadhna
D	8 bliadhna

6. Airson £2,000
Dè a' Ghàidhlig a tha air "candidate?

A	iarradaiche
B	bagraiche
C	tagraiche
D	seasmhaiche

7. Airson £4,000
Dè a bhios anns a' mhanifesto a bhitheas pàrtaidhean a' cur a-mach?

A	ainmean ceannardan a' phàrtaidh
B	càineadh air pàrtaidhean eile
C	gealltanais air na tha dùil aca a dhèanamh
D	ainmean an fheadhainn a tha a' toirt taice dhaibh

8. Airson £8,000
Dè a bhitheas "Returning Officer a' dèanamh an dèidh an taghaidh?

A	a' tilleadh phàipearan nach eil air an lionadh ceart
B	a' dèanamh cinnteach gun tèid na bocsaichean ballot gu lèir a thilleadh
C	a' toirt cosgaisean air ais do gach pàrtaidh
D	ag innse cò a bhuannaich an taghadh

9. Airson £16,000
Cò am boireannach a bha ainmeil airson strì gus bhòtaichean fhaighinn do bhoireannaich?

A	Emmeline Pankhurst
B	Margaret Thatcher
C	Barbara Cartland
D	Hazel Blears

10. Airson £32,000
Cò a bhitheas a' fuireach an am Bute House?

A	Rùnaire na Stàite airson Alba
B	Iarla Inbhir Nis
C	Priomh Mhinistear na h-Alba
D	Diùc Earra-Ghaidhea

11. Airson £64,000
Dè a' Ghàidhlig a tha air "opposition party"?

A	pàrtaidh naimhdeil
B	pàrataidh dùbhlanach
C	pàrtaidh deasbaid
D	pàrtaidh connspaid

12. Airson £125,000
Dè an t-ainm a tha air an dòigh ùr bhòtaidh airson chomhairlean ionadail?

A	bhòt liosta dhùbailte
B	bhòt iomadh ball
C	bhòt sgìre farsaing
D	bhòt singilte gluasadach

13. Airson £25,000
Dè an duthaich dom buineadh an ailtire a dhealbh togalach Pàrlamaid na h-Alba?

A	An Spàinn
B	An Fhraing
C	An Eadailt
D	An Danmhairg

14. Airson £500,000
Dè a' bhliadhna anns an deach Pàrlamaid na h-Alba a' stèidheachadh?

A	1998
B	1997
C	1999
D	2000

15. Airson £1,000,000
Dè an t-ainm a tha air pàrlamaid Eilean Mhanainn?

A	caerdydd
B	tynwald
C	mynwent
D	cwmbran

FREAGAIRTEAN 1b,2a,3b,4d,5b,6c,7c,8d,9a,10c,11b,12d,13a,14c,15b

Deasaichte le Roinn an Fhoghlaim, Comhairle nan Eilean Siar

Tesco a' gealltainn sùil a thoirt air soidhnichean Gàidhlig

Tha a' bhùth mhòr Tesco a' dol a stèidheachadh stòr ann an Steòrnabhagh airson a' chiad uair a-riamh — agus tha iad air gealltainn gum beachdaich iad air soidhnichean Gàidhlig a chur suas innte.

Tha an companaidh air sia bùithtean a b' àbhaist a bhith aig Somerfield a cheannach. A thuilleadh air Steòrnabhagh bidh Tesco a-nis ann an Ulapul, Arcaibh agus Sealtainn — a' ciallachadh nach bi sgìre tuilleadh ann am Breatainn far nach fhaicear a' bhratach ainmeil aca.

Thuirt Doug MacUilleim, manaidsear cùisean corporra Tesco, gum biodh "poileasaidh phrìsean nàiseanta" aca. Nuair a chaidh faighneachd dha am biodh sin a' fàgail gum bi na h-aon phrìsean ann an Steòrnabhagh 's a bhios, can, ann an Glaschu, fhreagair e: "Dha-rìribh."

Dh'aidich e nach robh iad idir air beachdachadh air soidhnichean Gàidhlig, ach thuirt e: "'S e beachd gu math inntinneach a tha sin. Chan eil càil a dh'fhios nach goid mi e."

Dh'innis Mgr MacUilleim gum biodh iad a' coimhead ri stuth ionadail a reic agus gun robh iad airson còmhradh ri daoine no companaidhean a b'urrainn seo a choileanadh.

"Tha ùidh mhòr againn ann a bhith a' faighinn stuth ionadail agus tha sinn air iarraidh air na sgiobaidhean againn a dhol a bhruidhinn ri daoine," thuirt e. "Tha sinn gu mòr airson a dhèanamh, ged a b'e feòil-uain, feòil-mairt no stuth bèicearachd a bhiodh ann."

Tha dùil gum bi Tesco a' ruith nam bùithtean ùra aca an ceann sia seachdainean deug eile.

Thuirt Niall MacLeòid, cathraiche Bunait Croitearachd na h-Alba agus cathraiche Comann Chaorach Leòdhais is na Hearadh: "Tha sinn air a bhith a' toirt uain dhan a' Cho-op airson dhà no trì bliadhna agus tha e air obrachadh fìor mhath, a' toirt pris mhath dha na croitearan airson nan uan aca.

"Ged-tà nuair a dh'fheuch sinn ris an aon rud a dhèanamh le Somerfield cha robh iad taiceil ann an dòigh sam bith. Le sin tha e mìorbhaileach cluinntinn gu bheil Tesco a' fosgladh an dorais dhuinn agus a' leantainn na bhios iad a' dèanamh ann an àiteachan eile. Bidh sinne gu cinnteach a' bruidhinn riutha cho luath 's a ghabhas."

Gàidhlig air an àrd-ùrlar aig fèis "Aye Write"

San dàrna seachdain dhen Mhàrt bha mòran tachartasan litreachais a' dol ann am baile Ghlaschu le fèis leabhraichean Aye Write a' gabhail àite airson an treas uair. Ach am-bliadhna bha rudeigin eadar-dhealaichte mu deidhinn — bha blas Gàidhealach oirre.

Airson a' chiad turas, bha leabhraichean agus sgrìobhadairean Gàidhlig a' nochdadh anns a' phròg ram agus, a rèir choltais, shoirbhich gu math leotha.

Am measg sgrìobhadairean ainmeil agus rionnagan mòra à saoghal na Beurla, mar Joanne Harris, Paddy Ashdown, Iain M Banks agus Kathleen Turner, bha ainm no dhà a ghlac aire nan Gàidheal sa bhaile – Aonghas MacNeacail, Màrtainn Mac an t-Saoir, Tormod MacGill-Eain agus Màiri Anna NicDhòmhnaill — agus iad an sàs ann an òraidean agus bùithtean-obrach tron t-seachdain.

Bha measgachadh tarraingeach de bhàrdachd aig toiseach na fèise le Aonghas Dubh MacNeacail a' leughadh bhon chruinneachadh ùr aige Laoidh an Donais Òig, còmhla ris a' bhàrd agus an sgoilear Robert Crawford le dàin bhon leabhar aigesan, Full Volume. 'S e beachd inntinneach a bh' ann, sgrìobhadairean le cànain agus dualchais eadar-dhealaichte a thoirt còmhla airson leughadh, ach dh'obraich e fìor mhath, rud a bha soilleir air an ath oidhche cuideachd nuair a ghabh Màrtainn Mac an t-Saoir agus James Robertson chun an àrd-ùrlair. Leugh iad le chèile bho an cuid rosg — Mac an t-Saoir bhon chiad chruinneachadh aige de sgeulachdan goirid, Ath-Aithne, agus Robertson bhon nobhail as ùire aige, The Testament of Gideon Mack — agus lean còmhradh, beachdachadh is ceistean gu leòr.

Bha fealla-dhà a' dol aig an tachartas Ghàidhlig mu dheireadh aig fèis na bliadhna sa nuair a bha cothrom ann sùil a thoirt air dà nobhail ùr èibhinn agus coinneachadh ri na h-ùghdaran. 'S iad sin Tormod MacGill-Eain, fear a tha air a bhith gu math aithnichte dhan mhòr-chuid de Ghàidheil fad bhliadhnaichean mar sheinneadair, mar phìobaire is mar neach-comadaidh, agus Màiri Anna NicDhòmhnaill, tè nach eil buileach cho ainmeil fhathast ach aig a bheil tàlant sònraichte airson sgrìobhadh agus airson sgeulachdan innse. Bha an luchd-èisteachd nan lùban a' gàireachdaich mu na cleasan aig Slaightearan Thormoid, agus a' cluinntinn mar a thachair do Chatrìona is do dh'Iseabail ann an Cleas Sgàthain le NicDhòmhnaill, agus 's gann gun robh iad airson a dhol dhachaigh aig deireadh na h-oidhche!

Leis mar a tharraing na sgrìobhadairean Gàidhlig a ghabh pàirt ann an Aye Write na bliadhna-sa daoine a-steach air dorsan Leabharlann Mhitchell thairis air an t-seachdain, bidh dòchas ann gun tig leudachadh an ath-bhliadhna agus gum bi tòrr mòr a bharrachd ri chluinntinn anns a' Ghàidhlig aig Aye Write 2009.

Faic duilleag 6 »

Chairman
Gaelic Media Service

Ofcom
OFFICE OF COMMUNICATIONS

Cathraiche
Seirbheis Nam Meadhanan Gaidhlig

£ 11,016

The Gaelic Media Service aims to ensure that high quality Gaelic programmes are available throughout Scotland, using both broadcast and new media services. This year GMS will, in partnership with the BBC, launch a new Gaelic Digital Service on satellite, cable and online platforms in the UK. The Gaelic Media Service are looking to appoint a Chairman who will take the organisation forward at this exciting stage in its development. The Chairman will be an ambassador for Gaelic broadcasting whose primary focus is delivery.

The Role:

- Provide public leadership to the organisation as it strives to complete the transformation from grant giving body to co-broadcaster and ensure that the provision of Gaelic content keeps apace with technological change.
- Develop strong relationships at a political and stakeholder level.
- Provide robust leadership and direction to the board and ensure effective management of GMS.

The Candidate:

- Ambassadorial and leadership attributes, in the public domain and the ability to be a confident but balanced commentator who is able to challenge and test proposals on decisions which you will be required to take.
- An understanding of the role of publicly funded boards in setting policy, with corporate governance experience at a non-executive level.
- Knowledge of and/or an active interest in communications matters and how this is related to the promotion of Gaelic education and culture. Must also have demonstrable proficiency in written and spoken Gaelic.

Ofcom is committed to diversity and to providing equal opportunities for all. Applications are welcome from individuals from all cultural and ethnic backgrounds, from women and from disabled people. Appointments are subject to approval by the Secretaries of State for Business, Enterprise and Regulatory Reform and for Culture, Media and Sport

For an information pack please visit www.odgers.com/22219 or request a pack by email quoting reference IMM/22219G.
Closing date: Friday 25th April at 12 noon.

Odgers Ray & Berndtson, Stock Exchange Court, 77 Nelson Mandela Place, Glasgow G2 1QT
t 0141 225 6320 **e** northern.response@odgers.com

£ 11,016

Tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil pròg raman Gàidhlig de chàileachd àrd rim faotainn air feadh na h-Alba, a' cleachdadh an dà chuid craoladh agus seirbheisean mheadhanan ùra. Am-bliadhna, ann an com-pàirteachas leis a' BhBC, cuiridh SMG Seirbheis Dhidseatach Ghàidhlig ùr air bhog air saideal, càball agus ùrlaran air-loidhne san RA. Tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' sireadh Cathraiche a bheir an t-eagrachadh air adhart aig an ìre bheothail seo na leasachadh. Bidh an Cathraiche na t(h)osgaire airson craoladh Gàidhlig, agus bidh lìbhrigeadh na phrìomh amas.

Neach:

- Feartan tosgaireil agus ceannardach, san raon phoblach, agus an comas a bhith na neach-aithris mhisneachail ach cothromach, is urrainn dùbhlan is deuchainn a thoirt is a dhèanamh air molaidhean mu cho-dhùnaidhean a dh'fheumas sibh a ghabhail.
- Tuigse air dreuchd bhùird a tha air am maoineachadh gu poblach, a thaobh a bhith a' suidheachadh poileasaidh, agus bhiodh e math nam biodh eòlas aig an neach air riaghaltas corporra aig ìre neo-ghnìomhach.
- Eòlas air agus/no ùidh ghnìomhach ann an gnothaichean conaltraidh agus mar a tha seo a' buntainn ri bhith a' brosnachadh foghlam is cultar na Gàidhlig. Cuideachd, feumaidh an neach sealltainn gun sgrìobh is gum bruidhinn iad a' Ghàidhlig gu fileanta.

Dreuchd:

- Ceannardas poblach a thoirt don bhuidhinn fhad 's a tha i a' crìochnachadh an atharrachaidh bho bhith na buidheann a bhios a' toirt seachad thabhartasan gu bhith na co-chraoladair, agus dèanamh cinnteach gu bheil solarachadh an t-susbaint Ghàidhlig a' cumail ceum ri atharrachadh teicneolasach.
- Dàimhean làidir a leasachadh aig ìre phoileataigeach agus luchd-ùidh.
- Ceannardas agus stiùireadh làidir a thoirt don bhòrd gus dèanamh cinnteach gun tèid SMG a stiùireadh gu h-èifeachdach.

Tha Ofcom dealasach a thaobh iomadachd is a bhith a' solar chothroman cho-ionann do na h-uile. Thathar a' sireadh thagraidhean bho dhaoine bhon h-uile cùl-raon cultarail is cinneachail, bho mhnathan, fir is ciurramaich. Feumar aonta airson suidheachadh an dreuchd fhaighinn bho Rùnaire na Stàite airson Gnìomhachas, Iomairt is Leasachadh Riaghailt agus airson Cultar, Meadhanan is Spòrs.

Irson paca fiosrachaidh fhaighinn tadhal air www.odgers.com/22219 no iarr paca a chur thugad air post-dealain ag ainmeachadh àireamh iomraidh IMM/22219G.
Ceann-là dùnaidh: Dihaoine 25 Giblean aig 12 meadhan-là

Odgers Ray & Berndtson, Stock Exchange Court, 77 Nelson Mandela Place, Glasgow G2 1QT
t 0141 225 6320 **e** northern.response@odgers.com

odgers public

www.odgers.com

Sònraichte

Cleasaichean, innleachdan agus clòcairean

Slaightearan le Tormod MacGill-Eain agus Cleas Sgàthain le Màiri Anna NicDhòmhnaill

Lèirmheas le Iain Moireach

Tormod Mac Gill-Eain

B' ann à tobar fhìoruisg chultar na Gàidhlig a bhrùchd am meanmna mear cruthachail a tha air sruthadh fad linntean ann an geur-chainnt, aoireadh sgaiteach agus àibhiseachd ann an conaltradh, seinn agus sgrìobhadh nan Gàidheal. Le eachdraidh cho fiùghail air a chùl, nach deuchainneach an tearcad stuth èibhinn a lorgar an-diugh sna bùithtean no na liostaichean de rosg ùr den ghnè seo. Air los sin, is taitneach annasach an cothrom seo a bhith a' meas dà nobhail èibhinn talc ùr, Slaightearan le Tormod MacGill-Eain agus Cleas Sgàthain le Màiri Anna NicDhòmhnaill.

Tha Tormod MacGill-Eain aithnichte don t-sluagh mar chleasaiche air stèids agus telebhisean, mar phìobaire, bàrd agus sgrìobhaiche nobhailean. Cluinnear Màiri Anna NicDhòmhnaill, a bha iomadh bliadhna a' lìbhrigeadh naidheachdan rèidio agus a tha fhathast tric air pròg raman, sgrìobhaiche leabhraichean òigridh agus nobhailean dha inbhich òg.

Ged a tha an dà nobhail seo àbhachdach tha iad eadar-dhealaichte nan rùintean, nan stoidhle agus nan gnè. Tha gach ùghdar air dinneadh nan tachartasan san sgeul eadar crìochan teann agus tha cinn gach caibideil a' nochdadh ruith na h-ùine; NicDhòmhnaill ga thomhais a-rèir latha, madainn agus feasgar, MacGill-Eain le eòlas na dràma a' cleachdadh caladair agus uaireadair. Ann an Slaightearan tha na thachras taobh-staigh aon latha san eilean Sgitheanach mar thoradh air euchdan dà nàmhaid ann an connspaid gun chrìoch eadar amasan nam buidhnean telebhisean Gàidhlig agus na h-amasan gun dìreadh aig aon neach ealain cruthachail. Faisg air crìoch a' bhlàir eatorra tha gnìomh mì-reusanta gòrach – sgeidse de dhràma oillteil a rinn Murchadh far an e ainm-san Aonghas agus Raonaid na banaltram neo-ainmichte – a' glacadh agus a' cur ruaig air an t-slaightear Sam rè seal. Ann an Cleas Sgàthain, sgeul suidhichte an Uibhist, Lunnainn agus an t-Eadar-lìon, is prìomh adhbhar dhan neart a th' ann oidhirpean càraid pheathraichean, na prìomh phearsachan, fuasgladh fhaighinn air snaidhm agus iomadh buil eile ris nach robh dùil ro-làimh a thàinig on chleas a roghnaich iad. Ghabh iad ris mar a ghabhas neach rì iomhaigh fhèin san sgàthan.

Aig toiseach Slaightearan tha gach prìomh charactar a' toirt dhan leughadair a dhealbh fhèin air fhèin. 'S e chiad fhear a nì seo, Murchadh a tha sreap ris an dà fhichead, à Beinn a' Bhaoghla, a tha tàmh an Glaschu, oileanach iar-cheumnach ann an rianachd sgiobachd. Their e san dol seachad gu bheil tè fo aois tric-head, Raonaid à Uibhist a Tuath, a' fuireach còmhla ris agus gu faodadh ise fhathast ceum le urram ann an Lagh fhaotainn. Tha e ag innse gu bheil trioblaid dibhe aige bho àm gu àm, ach gu bheil sin fo smachd agus gu bheil e an dùil cuairt a chur air a' Ghàidhealtachd a-rithist cuide ri Raonaid gus na sgeidsichean as ùire a sgrìobh e a chluich an sin.

Chan eil mòran aig Raonaid ri ràdh mu a deidhinn fhèin. Their i nach toil le a teaghlach fhèin Murchadh ged tha ise agus esan tric a' beachdachadh mun chàirdeas a tha eatorra a sheulachadh le pòsadh, ach gu bheil cion airgid air am bacadh. Tha i ag ràdh gu bheil Murchadh gun chosnadh o chaidh a chur a-mach às an oilthigh agus gu bheil e fada ro throm air an deoch. Seallaidh i air ais air an latha dubh a bha siud san Eilean Sgitheanach, an treas latha thar fhichead den Lùnastal.

Gheibhear cunntas nas fharsaing air a bheatha fhèin bho Sam Wilson. A chionn 's gun do thrèig athair gallda a mhàthair an uair a rugadh esan, chaidh àrach an Inbhir Nis, Obar Dheathain agus Peairt. Cheumnaich e an Dùn Dèagh agus dh'obraich e ann an naidheachdas. Choisinn e an dreuchd Ceannard Dràma agus Aithriseachd aig Tong TV, ach tha e a-nis ri cadal air cabhsair an Dùn Èideann a dh'aindeoin a chliù. Air an t-slighe a dh'Uibhist le sgioba camara gus clàradh film ùr In Erskine Beveridge's Footsteps, stad iad san taigh-òsta Cuillin Lodge, "latha mo dhunaidh 's mo nàire."

Stad Murchadh agus Raonaid cuideachd san taigh-òsta sin is iad air a' chuairt air a' Ghàidhealtachd a ghiorrachadh. Thachair iad air Sam is e fo bhuaidh na dibhe agus a rèir Mhurchaidh, 's e droch oidhche bha sin. An ath mhadainn is iad a' feitheamh ann an ciudha a' bhàt'-aiseig, thachair sreath de thubaistean èibhinn do Mhurchadh, a bha fhathast na thrusgan ioma-dhathach amaideachd. Aig aon àm, tha Raonaid ag ràdh ris gu bheil iad gun airgead. Tha i gu feargach a' dealachadh an aodaich aigesan bhon chuid aice fhèin agus a' cruinneachadh na trusganan agus na h-innealan a chleachd e, gan cnapadh agus gan sadadh air sa bhan. Their i cuideachd gu feum e airgead a ghoid e uaipe an Goillspidh a phàigheadh air ais, a' cuimhneachadh dha gun do dh'fhailich air sgeids a chur an gnìomh idir an Inbhir Pheofharain no san Allt-beithe, gum b' fheudar dhìse airgead a thilleadh gu daoine agus gu robh e fad a bheath' a' seachnadh a dhleastanasan.

Aig an àm sin an taigh òsta Cuillin Lodge, tha Sam na lèine shìoda a' sgrùdadh a mhàileidean is e air a bhuaireadh le cuimhneachadh air deasbad àrd-labhrach a-raoir le "marag de dhuine Beinn a' Bhadhla". Tha an èibhleag a lasas a' chòmhstrì dheireannach, cnap cruaidh de dhiomb, ciont, corraich, cuilbheart agus dìoghaltas, beò bho thoiseach sgeòil.

Chan eil Cleas Sgàthain cho dràmadach sin san tòiseachadh. Tha an t-ùghdar gu faiceallach air ruith agus astar an sgeòil ullachadh mu choinneamh gach caol agus cùil san ruith e as aonais spreadhadh feirge, ged a tha faireachdainnean làidir agus connspaidean beag air fheadh. Is i Catrìona a tha gar tàladh a-steach dhan sgeul ioma-ghuthach seo is a piuthar Iseabail – an tèile den chàraid leth-aonach – dìreach air ise a bhrosnachadh tre chòmhradh air fòn gu iomlaid a dhèanamh air an àitean obrach eadar companaidh foillseachadh leabhraichean an Lunnainn agus dachaigh Chatrìona an Uibhist airson seachdain no deich latha. Tha còig bliadhna o thòisich Iseabail air a h-obair agus ged is ann ag obair air a ceann fhèin on dachaigh a tha Catrìona, tha a h-obair a' buntainn ri foillseachadh. Ann am barail Chatrìona gabhaidh an iomlaid seo, samhail cleasan agus cuilbheartan a chleachd iad nan òige, a dhèanamh agus tha i le athadh, a' co-aontachadh ris.

Faisg air toiseach na nobhail taitneach, èibhinn agus abhcaideach seo, mar gum biodh i ri sanais an cluais caraid earbsach, tha Catrìona gu h-eirmseach ag innse an cliù is an cleachdaidhean fa leth nan suidheachadh fhèin. Tha ise tàireil mu bheath' a' bhaile mhòir oir is fheàrr leatha àrainneachd agus dòigh beatha Uibhist. Air an làimh eile, tha Iseabail air gabhail gu h-èasgaidh ri suairceas a' bhaile mhòir agus b' e sin a tharraing i gu tadhal air ionad maise airson frithealadh mas tòisicheadh i anns an dreuchd ùr àrdaichte. Mar thoradh air sin thàinig broth dearg agus teth air a h-aodann agus a h-amhach, agus phut sin – agus na pàrantan a bhith air falbh an Dubai airson ùine ghoirid – Catrìona gus an cothrom a ghabhail.

Tha an t-aonta sìmplidh seo eadar càraid inbheach iomlaid àiteachan fad làithean a dhèanamh agus na leanas ris nach robh dùil no deasachadh ro-làimh mar einnsean, a tha a' toirt air an sgeul ruith le lùths, agus a' dèiligeadh ri buil ioma-bhuaidheach san ùine ghoirid agus an ùine fhada air na caileagan, air an co-obraichean agus air a' choimhearsnachd anns a bheil iad a' gluasad.

An uair a tha Catrìona (mar Iseabail) a' siubhal gu Lunnainn, tha Iseabail (mar Chatrìona) air an dachaigh an Uibhist a ruighinn. An dèidh dhi tuiteam thar poca shìol chearcan a thàinig bho Phàdraig sa phoirdse, cluinnidh i air inneal-freagairt na fòn brath bho a h-athair gu bheil iad air Dubai fhàgail ach gun tèid iad dhan Èipheit mus till iad dhachaigh. Chan eil i ag innse sin do Chatrìona idir, ach nì i gearan air post-dealain (mar macrabel) gu Catrìona (mar catmacra) mun ghainne aodaich a-staigh aice agus mar a tha Catrìona air tionndadh gu feòil a sheachnadh na biadh. Nas fhaide dhen fheasgair feuchaidh i fòn-làimhe ach chan fhaigh i air a chur a dhol agus leis an iomagain a th' oirre, s ann le uabhas a dh'fhàgas brath teacsa bho Chatrìona (mar catmob)i gu bheil ise a-muigh a' gabhail drama.

Aig a h-obair ùr an Lunnainn tha imnidh air Catrìona a chionn 's gun cuala i gu bheil Evander MacCrimmon — ùghdar Ceilteach ùr Iseabail a tha gu bhith glè chudromach na dreuchd — a' nochdadh an ath latha. Am measg an fhiosrachaidh a fhuair i bho Jeremy, ceannard ùr Iseabail, chunnaic i dealbh camara dheth agus tha i glè thàireil teagmhach mu na subhailcean Ceilteach aige. Tha i cinnteach gum faca i e roimhe am badeigin.

Is ann tre bhith a' rèiteachadh is a' snìomh as ùr iomadh buil air nach do smaoinich iad ron iomlaid a gheibh leughadair comadaidh na nobhail seo. A thuilleadh air a bhith fileanta dà-chànanach agus dà-chultarail, tha a' chàraid fhèin agus càch san sgeul seo ri còmhradh mu chùisean, ach cuideachd a' cleachdadh far-ainmean, sloinnidhean, ainmean feallsa, "dearbh-aithne" airson fiosan fòn agus post-dealain. Am measg sin, tha buadhan agus gnàthachadh gach neach fa leth. Tha seo uile mar theisteanas air meud na h-obrach cruthachail a ghabh an t-ùghdar os làimh san nobhail seo, anns a bheil cur-ris, dealachadh eòlais eadar leughadair agus caractaran agus subhailcean comadaidh eile air an cur an sàs gu sgileil agus na prìomh phearsachan mu dheireadh a' tàrrsainn às atharraichte ach dòchasach. Chan obraich creidsinn ìomhaighean sna sgàthanan an Uibhist no an Lunnainn.

Ann an Slaightearan chruthaich MacGill-Eain caractaran, suidhichidhean, agus tachartasan ann an nobhail far a bheil fo-shruth feargach air a chumail fo shrian agus gu bheil an tuasaid teann, dràmadach deireannach a' tarraing sgailcean dha-rìreabh agus ag aoireadh saoghal anns a bheil comas anabarrach meadhanan craolaidh nan seasamh gu h-àrd, fada os cionn comas aon neach-ealain cruthachail. Tha barrachd cunnart sa mhodh innse seo, ach 's e seòl sgrìobhaidh ceart nar n-eachdraidh agus modh a tha MacGill-Eain a' cleachdadh le cinnt agus deagh stoidhle.

Tha prìomh neach-aithris NicDhòmhnaill, Catrìona, aig amannan a' putadh agus ag aithris faoin-chainnt gu h-àrdanach ach tha an t-ùghdar seo a' gleidheadh astar iomchaidh eadar i fhèin agus na caractaran aice. 'S e a rùn dealbh a tharraing a sheallas don leughadair mar a dh'fhaodadh gnothaichean a bhith ann an conaltradh an latha an-diugh agus mar a dh'fhaodadh sin coimhearsnachdan a chur iomrall, mar a chuireas cleas sgàthain, agus tha i a' coileanadh a rùn gu h-iomlan, le blàths agus eirmseachd.

Tha an dà nobhail a' cur nur tairgse ùine thaitneach de leughadh agus smaoineachadh.

Gheibhear Slaightearan agus Cleas Sgàthain bho Chomhairle nan Leabhraichean tro www.ur-sgeul.com, no le bhith a' fònadh thuca air 0141 337 6211

Màiri Anna NicDhòmhnaill

Ùr an dràsta!

Slaightearan

Tormod MacGill-Eain

"èibhinn agus abhcaideach ..."

Iain Moireach

Comhairle nan Leabhraichean
Fòn 0141 337 6211
www.ur-sgeul.com

BÒRD NA GÀIDHLIG
COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

Ùr an dràsta!

Cleas Sgàthain

Màiri Anna NicDhòmhnaill

"èibhinn agus abhcaideach ..."

Iain Moireach

Comhairle nan Leabhraichean
Fòn 0141 337 6211
www.ur-sgeul.com

BÒRD NA GÀIDHLIG
COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

Thathas ag ullachadh an-dràsta airson Mòd na bliadhna anns an Eaglais Bhric, a' chiad uair a-riamh a bhios prìomh fhèis na Gàidhlig ga cumail sa bhaile.

Tha tachartas na bliadhna ga chur air adhart fon bhratach "Tha am Mòd a' tighinn dhachaigh", ri linn 's gur ann sa bhaile a bhiodh dròbhairean a' chruidh às a' Ghàidhealach a' cruinneachadh an dèidh dhaibh an stoc aca an reic.

Bidh an fhèis ga cumail eadar an 10mh agus 18mh dhen Dàmhair, le mòran chuirmean is fharpaisean fad na seachdain.

Am-bliadhna chaidh am Mòd ainmeachadh mar Phrìomh Thachartas na Bliadhna aig na Duaisean Ciùil Traidiseanta.
Tha am Mòd a' faighinn taic bho Bhanca Rìoghail na h-Alba, Comhairle na h-Eaglaise Brice agus Caledonian Mac a' Bhriuthainn.
Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig: www.mod2008falkirk.org.

Comataidh ionadail Mòd na h-Eaglaise Brice

Tha mòran goireasan tarraingeachd sa bhaile

"Prìomh fhèis-shràid" na h-Alba san Eaglais Bhric

Tha fèis mhòr gu bhith air a cumail san Eaglaise Bhric aig toiseach na h-ath-mhìos anns am bi grunn nithean inntinneach.

Thathar dhen bheachd gur e "Big in Falkirk" an "fhèis shràid" as motha ann an Alba 's e a' tàladh còrr air 100,000 duine.

Bidh mòran rudan ri fhaicinn agus ri chluinntinn, mar chòmhlain-ciùil, dràma, cleasachd is dannsa.

Tha an fhèis gu bhith air Disathairne 3mh agus Latha an Sabaid (4mh) agus am measg na bhios ann bidh an còmhlan ainmeil 10cc agus na Peatbog Faeries bhon Eilean Sgitheanach.

Thuirt pròbhaist a' bhaile, Pat Reid: "Tha 'Big in Falkirk' a' toirt ri chèile measgachadh mìorbhaileach de dhràma sràide, ceòl agus cur-seachadan dhan teaghlach. Mar as àbhaist bidh e air leth tarraingeach dha na mìltean mòra de dhaoine a bhios a' tighinn ann.

"Tha an fhèis air fàs gu bhith na thachartas eadar-nàiseanta le luchd-ealain bho air feadh an t-saoghail a' tighinn chun na h-Eaglaise Brice bho bhliadhna gu bliadhna airson tachartasan mìorbhaileach a chur air chois.

"Bidh feis na bliadhna sa a cheart cho mìorbhaileach agus daingnichidh e cliù 'Big Falkirk' mar thachartas air leth inntinneach is beothail."

Agus thuirt Niall Butler, stiùiriche ealain na fèise: "Tha sinn airson gum bi deagh chuimhne aig daoine air 'Big in Falkirk' mar thachartas sònraichte a tha làn dibhearsain."